

NA DUILLEAGAN GAIDHLIG

AIR AN CUR A-MACH AN LUIB LIFE AND WORK

AIREAMH 12 | 2013 | AN DUBHLACHD

Facal Toisich


Ann an iris seo tha sinn a' toirt cunntais air leabhar laoidhean a tha air ùr thighinn on chlà. Tha beairteas iongantach de dhàin spioradail againn anns a' Ghàidhlig a' dol air ais iomadh linn nar n-eachdraidh. Tha teagasg anns na laoidhean. Bheir iad togail do dhaoine nuair a tha iad trom 'nan spiorad. Bheir iad cofhurtachd dhuinn nuair a tha amannan brònach nar beatha.

Aig àm nan Nollaig bidh sinn a' seinn laoidhean nach bi sinn a' seinn ach aig an àm seo den bhliadhna. Tha mòran dhàn againn anns a' Ghàidhlig mun chrann-cheusaidh, mu bhàs an t-Slànaigheir. Chan eil laoidhean mu stàball Bhetlèheim, mu bhreith Chrìosd, cho lìonmhor ann an Gàidhlig agus a tha iad ann am Beurla. Ach cluinnear *Leanabh an Aigh* gu tric aig an Nollaig. Tha *Tàladh Chrìosd* tarraingeach cuideachd.

Tha luchd-eaglais fhathast ri bàrdachd. Tha sinn an còmhnaidh toilichte nuair a chuireas cuideigin laoidh thugainn airson nan *Duilleagan Gàidhlig*. Tha laoidhean tlachdmhor a bhith gan leughadh agus cumaidh sinn cuimhne air na faclan aca nuair a thèid briathran searmoin air dìochuimhne. Ma tha laoidhean agaibhse nach deachaidh a chlà-bhualadh fhathast, nì sinn toileachadh riu.

Aig amannan ath-bheothachaidh ann an eachdraidh na h-Eaglais bhiodh daoine a' seinn. Chaidh iomadh laoidh dhrùidhteach a sgrìobhadh aig na h-amannan sin agus Crìosdaidhean a' cur an creidimh an cèill ann am bàrdachd. Tha sinn an dòchas gun cùm luchd na Gàidhlig romhpa a' cur dhàn spioradail ri chèile a bheir misneachadh agus treòrachadh don fheadhainn a bhios gan leughadh agus gan seinn.

**Leis na beannachdan,
Ruairidh MacLeòid.**



Seo an eaglais bheag bhrèagha ann an Srath Lachlainn ann an Earra Gàidheal. Thogadh an eaglais mun bhliadhna 1792. Chithear fhathast làrach nan eaglaisean a bha anns a' choimhearsnachd roimh dheireadh na h-ochdamh linn deug. Tha dlùth cho-cheangal eadar an togalach seo agus clann MhicLachlainn. Bho àm gu àm bidh am Fear-deasachaidh a' cumail seirbheis ann an eaglais Shrath Lachlainn. Tha an còmhnaidh spiorad blàth anns na seirbheisean. Am broinn nan *Duilleag* tha iomradh againn air leabhar air leth feumail mu na leacan-uaghach agus na carraighean-cuimhne ann an sgìr Shrath Chura agus Shrath Lachlainn.

Cùil nan Ceist

Ann an Dùbhlachd tha an Eaglais air feadh an t-saoghail a' cumail cuimhne air breith an t-Slànaigheir. An turas seo tha sinn a' cur ceist oirbh mu dhaoine anns a' Bhìoball agus iomradh ann mun breith. Tha freagairt nan ceist air an duilleig-chùil.

1. Cò a rugadh do Bhetuel, mac Mhicah? (Genesis, caibideil 24.)
2. "Neach a rugadh anns an —." (Ecsodus, caibideil 12.)
3. Cò a chaidh fhalach le a phàrantan nuair a rugadh e? (Eabhraidhich, caibideil 11.)
4. Cò a bha 'na cheud-ghin do dh'Israel? (1 Eachdraidh, caibideil 5.)

Coigrich – 4

Coigrich – sin an cuspair air a bheil sinn a’ beachdachadh gach mìos.

Nuair a tha cuideigin ’na choigreach ann an tìr choimhich, ann an dùthaich air a bheil e aineolach, tha e nàdarra gum biodh cianalas ag èirigh ’na chridhe. Nuair a bha cuid de na h-Israelich ’nam fògarrach ann am Bàbilon bha iad ag ionndrain tìr an dùthchais. Tha an cianalas sin a’ tighinn am barr ann am briathran an t-salmadair: *Làimh ri uisgeachan Bhàbilon, an sin shuidh agus ghuil sinn, nuair a chuimhnich sinn air sin.*

Bha clann nan Gàidheal glè eòlach air cianalas. B’ aithne dhomh fear a bhiodh a’ tighinn dhachaigh à Canada gach darnacha bliadhna gu eilean a bhreith agus ’àraich. B’e miann a chridhe a bhith a’ tilleadh dhachaigh a h-uile samhradh. Bha air soirbheachadh leis air taobh thall a’ chuain agus cha b’e dìth airgid a chùim e o bhith a’ tilleadh a dh’Alba a h-uile bliadhna. ’S e a bha a’ cur bacaidh air, an cianalas uamhasach a bhiodh ga bhualadh aig deireadh a chuairt nuair a bhiodh aige ri aghaidh a chur air Canada agus slàn fhàgail aig eilean a ghràidh aon uair eile.

Bha am mac stròdhail ann an tìr na fadachd às. Aig toiseach tòiseachaidh bha e glè chofhurtail an sin. Bha airgead gu leòr aige. Bha càirdean gu leòr aige, co-dhiùbh fhad ’s a bha a sporan làn agus a chridhe fialaidh. Ach nuair a chaidh cùisean ’na aghaidh, nuair a bha a dhruim ris a’ bhalla, thòisich an cianalas. Bha e ag ionndrain na dachaigh ris an do chuir e cùl. Agus thug an cianalas sin air ’aghaidh a chur air an dachaigh air an robh e an toiseach a’ dèanamh tàir.

Anns an t-soisgeul tha an coigreach a’ faighinn cuiridh tilleadh dhachaigh, chun na dachaigh far a bheil blàths agus coibhneas agus co-chomann: *Thigibh am ionnsaigh-sa, sibhse uile a tha ri saothair agus fo throm uallach, agus bheir mise suaimhneas dhuibh.*

Searmon Beag

Shuidh mi far an do shuidh iadsan. (Eseciel 3:15)

Cluinnidh sinn mòran an-diugh mu òigridh a bhith a’ faighinn fèin-fhiosrachaidh air obair de gach seòrsa. Cuiridh oileanaich a tha fhathast anns an sgoil ùine seachad ag obair ann an oifis no ann an ospadal, a’ cuideachadh ann an sgoil eile, no ag obair ann an garaids airson blasad a thoirt dhaibh air cò ris a bhiodh e coltach a bhith a’ faighinn cosnadh anns na h-àiteachan sin.

Ann an iomadach dòigh ’s e rud ionmholta a tha seo. Gun teagamh, chan eil e idir coltach ri bhith a’ cur seachad latha an dèidh latha, seachdain an dèidh seachdain, bliadhna an dèidh bliadhna, an sàs anns an t-seòrsa obrach sin, ach bheir e sealladh dhaibh air ciamar a bhiodh e.

Bha am fàidh Eseciel beò aig àm ann an eachdraidh nuair a bha cuid de a shluagh ’nam fògarrach ann am Bàbilon. Chaidh an toirt ann am braighdeanas gu tìr choimheach. Bha na h-lùdhaich, mar a tha Gàidheil na h-Alba, glè cheangailte ri tìr an dùthchais. Bha iad moiteil às an daoine fhèin, an cànan, an creideamh, an dòigh-beatha. ’S e peanas uamhasach a bha ann do dh’lùdhach a bhith air fhuadach à dùthaich d’àraich. Tuigidh sinn mar a bha na fògarrach a’ faireachadh nuair a leughas sinn an seachdamh salm deug thar an t-sia fichead.

Tha e air innse dhuinn mar a bha Eseciel air a ghluasad le Spiorad Dhè. Chaidh e gu Bàbilon far an robh a dhaoine ’nan eilthirich agus chuir e seachd latha seachad an sin. Bhruidhinn e riu ’nan cànan fhèin. Dh’fhiosraich e na rudan a bha iadsan a’ fiosrachadh. Dh’fhairich e na rudan a bha iadsan a’ faireachadh. Dh’ith e am biadh a bha iadsan ag ithe. Chaidil e far an robh iadsan a’ cadal. Fhuair e blasad air cò ris a bha beatha an fhògarrach coltach, fada od dhùthaich fhèin, am measg sluaigh nach robh a’ tuigsinn do chainnt no do dhòigh-beatha, a bha a’ dèanamh tàir air do chreideamh.

Tha cuid a’ cumail a-mach gur e seòrsa de bhruadar a bha aig Eseciel. Cha deachaidh e gu litireil gu Bàbilon, canaidh iad, ach le sùil na h-inntinn, annan taisbeanadh, ’na mhac-meanmna, chunnaic e na bha na h-eilthirich a’ fiosrachadh.

Leabhraichean

Bha iomadh ministear Gàidhealach a bhiodh ri bàrdachd, feadhainn ainmeil mar a bha Dòmhnallach na Tòisidheachd, agus feadhainn eile nach robh cho iomraiteach. Bhuineadh an t-Urr. Murchadh Caimbeul (1900-1974) do theaghlach à Nis ann an Leòdhas aig an robh tàlant air leth mar bhàird. Bidh mòran eòlach air an obair aig a bhràthrean, Aonghas, “Am Puilean”, Aonghas, “Am Bocsair”. Tha an cruinneachadh seo de na dàin spioradail aig Murchadh a’ dearbhadh gun deachaidh spiorad na bàrdachd a bhuileachadh air-san cuideachd.

Tha deich dàin anns an leabhar ùr seo, ’nam measg dà mharbhrann, air Iain MacLeòid, a bha ’na Phrionnsapal air Colaiste na h-Eaglaise Saoire, agus air Calum Moireastan, (seanair balaich *Runrig*), a bha ’na mhiseanaraidh ann am Beàrnaraigh na Hearadh. Tha eadar-theangachadh ann den laoidh Bheurla, *The Sands of Time Are Sinking*, a tha a’ sealltainn cho fìor chomasach agus a bha Mgr. Caimbeul air bàrdachd Bheurla a thionndadh gu Gàidhlig. Tha an t-Urr. Coinneach Dòmhnallach air na dàin eadar-theangachadh gu Beurla, agus

Tobraichean Sòlais

Murchadh Caimbeul

(air fhoillseachadh le Covenanters Press. £12.95)

tha eadar-theangachadh air an rosg cuideachd, agus mar sin bidh tarraing anns an leabhar do leughadairean nach eil fileanta nar cànan. Tha marbhrann a rinn Ailios NicLeòid don mhinistear againn aig deireadh an leabhair.

Tha dealbhannan anns an leabhar de Murchadh Caimbeul agus de bhuill den teaghlach. Ann an 1957, nuair a bha e ’na Mhodarator air Ard-sheanadh na h-Eaglaise Saoire thug e seachad seirbheis Ghàidhlig air an ràdio. Tha an t-seirbheis air fad againn, na seinnean, na h-ùrnaighean, na leughaidhean, an searmon againn ann an *Tobraichean Sòlais*.

Bha Mgr. Caimbeul ’na mhinistear anns an Eaglais Shaoir ann an Ruigh Sholais, agus tha e freagarrach gur e dealbh-làimhe den eaglais agus den mhansa a chithear air còmhachd-aghaidh an leabhair.

Thàinig ceithir leabhraichean Beurla on pheann aig an Urr. Murchadh Caimbeul am follais roimhe seo. Tha *Tobraichean Sòlais* ’na dhearbhadh air cho siùbhlach fileanta agus a bha e ann a bhith a’ cur fhaclan an eagaibh a chèile ann an cainnt ’athraichean.

Ach cha b'è brùadar no taisbeanadh a bha ann an teachd losa a dh'ionnsaigh an t-saoghail seo. Ghabh E air fhèin nàdar na daonnachd ann a bhith a' tighinn chun na talmhainn.

Chì sinn mar a dh'fhiosraich losa 'na dhaonnachd na nithean a bhios sinne a' fiosrachadh, na rudan searbha agus na rudan milis.

Aig pòsadh ann an Càna Ghalile bha losa còmhla ri daoine far an robh iad a' dèanamh aoibhneis. Shuidh E far an do shuidh iadsan aig bòrd far an robh toileachas agus gàirdeachas.

Air latha brònach bha E còmhla ri teaghlach, còmhla ri coimhearsnachd, far an robh iad a' caoidh bràthar, caraid, a bha measail aca. Shuidh E far an do shuidh iadsan, ann an cathair a' bhròin. Tha am fàidh a' sgrìobhadh mu Aon a tha 'na dhuine dhoilgheasan agus eòlach air bròn.

Aig àm na Nollaig tha sinn a' cumail cuimhne air an t-Slànaighear a thàinig mar Mhac an Duine, a bha 'na shuidhe far am bi sinne nar suidhe, aig a bheil co-fhaireachdainn rinn nar suidheachaidhean gu lèir.

Cladhan agus Carraighean-cuimhne

Tha na Comainn-eachdraidh air feadh na Gàidhealtachd agus nan Eilean air obair mhòrbhaileach a dhèanamh ann a bhith a' cruinneachadh fiosrachaidh mu na sgìrean aca fhèin mar a bha iad anns na làithean a dh'fhalbh. Dh'fhoillsich an Comann-eachdraidh a tha stèidhichte ann an Srath Chura agus anns a' choimhearsnachd mun cuairt leabhar ionmholta mu na leacan a gheibhear anns na cladhan agus mu na carraighean-cuimhne a tha ann an sgìr Shrath Chur agus Shrath Lachlainn. A bharrachd air an fhiosrachadh sin tha eachdraidh nan eaglaisean air a toirt seachad, na togalaichean a tha air an cleachdadh an-diugh agus an fheadhainn a bha ann anns na linntean a chaidh seachad agus na tobhtaichean ri fhaicinn fhathast.

Anns an leabhar leughaidh sinn na faclan a tha sgrìobhte air na leacan ann an cladhan na sgìre. Rinneadh obair mhòr ann a bhith a' dol air feadh nan cladhan agus a bhith a' togail an sgrìobhaidh sin. Tha na clàraidhean sin a' dol air ais mòran

linntean agus gar toirt a dh'ionnsaigh an latha an-diugh. Tha e 'na chomharradh air cho beag inbhe a bha aig a' Ghàidhlig mar chànan sgrìobhte anns na seann linntean gur ann am Beurla a tha a' chuid mhòr de na sgrìobhaidhean, ann an linn anns an robh a h-uile duine a' bruidheann Gàidhlig. Tha sin fìor mu chladhan air feadh na Gàidhealtachd.

Ma tha Gàidhlig idir air na leacan, 's e facal no dhà on Bhioball a bhios ann. Air an lic aig Donnchadh MacLachlainn (1818-1890) ann an cladh Shrath Lachlainn tha earrann o Leabhar an Taisbeanaidh, *Is beannaichte na mairbh a gheibh bàs san Tighearna*. Ach tha aon leac anns a' chladh sin agus 's e Gàidhlig air fad a tha oirre. Tha sin freagarrach, oir 's e sin an uaigh aig Pàdraig MacGriogair, a chaochail ann an 1997. A rèir iomraidh b'esan am fear mu dheireadh a rugadh agus a thogadh ann an sgìr Chòmhair aig an robh Gàidhlig. Tha clach-chinn eile on fhicheadamh linn air a bheil faclan à tè de na laoidhean, stèidhichte air na Sgrìobtaran, a gheibhear an dèidh nan salm anns a' Bhioball Gàidhlig – *Cia tosdach sèimh an leabaidh 'n uaigh, a ghabhail suain is fois*.

Tha dà eaglais anns an sgìr seo far a bheil adhradh air a chumail gach Sàbaid fo iùl Eaglais na h-Alba. Aig aon àm bha ministearan agus togalaichean ann an Srath Chura aig an Eaglais Shaoir agus aig an Eaglais Shaoir Aonaichte.

Tha iomradh againn anns an leabhar seo mar an ceudna air carraighean-cuimhne a' chogaidh. Tha carragh-cuimhne ann o Chogadh Africa, agus cha bhi mòran dhiùbh sin anns an dùthaich. Tha dà ainm air a' chlàr – an Caipitean Dòmhnall MacLachlainn, mac an uachdarain, agus Niall Cràbhartach, mac croiteir. Aig bonn a' chlàir tha na faclan Gàidhlig. *SEIDIDH AN TROMPAID*.

Rinn dithis de dh'eildearan na h-eaglais, Dòmhnall MacLachlainn agus Iain MacGriogair, deagh obair ann a bhith ag ullachadh an leabhair seo airson a' chlàr. Bidh e feumail do dhaoine aig a bheil ceangal ri sgìr Shrath Chura agus Shrath Lachlainn. Agus còrdaidh e ri luchd-leughaidh air feadh na dùthcha aig a bheil ùidh ann an eachdraidh na h-Eaglais agus ann an eachdraidh na Gàidhealtachd. Tha dealbhannan dathte air feadh an leabhair a tha grinn da-rìreabh.

Gàidhlig Shìmplidh

28 Ceann-teagaisg airson a' mhìos seo: "Chuireadh duine o Dhia, dom b'ainm Eòin." Tha na faclan sin ann an

Soisgeul Eòin, a' cheud chaibideil, aig an t-siathamh ran. (Eòin 1:6.) Air a' mhìos seo tha sinn a' cuimhneachadh air teachd losa. Dh'ullaich Eòin Baistidh an t-slighe airson ministrealachd Chrìosd. 'S e duine sònraichte a bha ann an Eòin. Bha seo gu h-àraidh sònraichte ma dhèidhinn, gur e a bha ann "duine o Dhia". 'S e Dia a thug dha an teachdaireachd a bha aige. 'S ann o Dhia a thàinig an cumhachd a bha aige. 'S ann o Dhia a thàinig an t-ùghdarras a bha aige.

28 Nuair a sgrìobh mi seo bha an uair dìreach air atharrachadh. Chuir sinn na cleacaichean air ais uair an uaireadair. 'S e

faireachadh neònach a tha ann nuair a tha an oidhche a' tighinn nas tràithe. Ach fàsaidh sinn cleachdte ris an uair. Tha dùthchannan ann far nach eil ach oidhche ghoirid. Tha dùthchannan eile far am mair an dorchadas nas fhaide na tha e ann an àiteachan eile. Bidh cuid de dhaoine ann a tha toilichte gu bheil an oidhche a' fàs nas fhaide. Tha barrachd cothrom aca a bhith a' leughadh nuair a thig an geamhradh.

28 Seanfhacal airson a' mhìos seo: "Is tric a bha am beag treubhach." (The little are often brave.) Bha iomadh

Gàidheal ann nach robh mòr no àrd, ach bha iad treun. Bha iad treun ann an cath agus bha iad treun gu spioradail. Cha robh ann am Pòl ach duine beag. 'S e "beag" a tha an t-ainm "Pòl" a' ciallachadh. Ach ged a bha e beag, bha e làidir. Bha e làidir ann an creideamh. Sheas e ri iomadh cruadal. Bha e ann an iomadh cunnart nuair a bha e ann an seirbheis Chrìosd. Cha do chuir cunnart air muir agus air tìr eagal no bacadh air Pòl.

28 Nuair a sgrìobh mi seo bha stoirm mhòr ann an ceann-a-deas Shasainn. Rinn a' ghaoth milleadh, ach cha robh an

suidheachadh cho dona agus a bha e ann am bliadhnanach eile. Gu fortanach, an-diugh gheibh sinn rabhadh ma tha droch shìde a' dol a thighinn. Anns na seann làithean bhiodh daoine a' lorg chomharraidhean air droch shìde. Bheir rabhadh cothrom dhuinn ullachadh a dhèanamh agus sinn fhèin a chumail tèarainte. A thaobh cùisean ar n-anama, tha am Bioball a' teagasg gur e rud glic a tha ann ar taigh spioradail a chur ann an òrdag. Ann an Crìosd tha tèarainteachd shìorraidh againn.

AM FEAR-DEASACHAIDH

Seo seòladh Fear-deasachaidh nan Duilleag: Ruairidh MacLeòid, Creag nam Bàirneach, An Fhuirneis, Inbhir Aora, Earra Ghaidheal PA32 8XU. Fòn: 01499500 629 Post-dealain: ruairidhmacleoid@btinternet.co.uk.

Thall 's a-Bhos

RANN

*Tha gaineamh tìm ri lùghdachadh,
Tha madainn nuadh toirt iùil;
Tha 'n samhradh caomh a dheònaich mi
A' deàlradh orm od ghnùis:
Dorch' duilich dhòmhs' bha 'n oidhche,
Ach tha shoillse dlùth dom cheum;
'S tha glòir ro-mhòr a' còmhnaidh
Ann an tìr Emanuèil*

Sin a' cheud rann anns an eadar-theangachadh a rinn an t-Urr. Murchadh Caimbeul air cuid de na ceathramhan anns an laoidh, *Tha Sands of Time Are Sinking*, mar a tha e againn anns an leabhar, *Tobraichean Sòlais*. Rinneadh an laoidh Bheurla le Anna Ros Cousin, air a stèidheachadh air faclan a sgrìobh an ceannard spioradail, Somhairle Rutherford. Rinn Iain Mac Ghille Bhàin, à eilean Eisdeil, eadar-theangachadh air an laoidh seo mòran bhliadhnachan air ais.

FUASGLADH NAN CEIST

Seo freagairt nan ceist a chuir sinn oirbh air a' cheud duilleig. 1. Rebecah. 2. — tìr." 3. Maois. 4. Reuben.

AM MODARATOR



Bha sinn toilichte a chluinntinn gun deachaidh an t-Urr. Aonghas Moireasdan ainmeachadh mar an ath Mhodaràtor a bhios air an Ard-sheanadh. Tha Mgr.Moireasdan an-diugh 'na mhinistear ann an siorrachd Pheairt agus bha e roimhe sin os cionn coitheanal eaglais Chaluim Chille ann an Steòrnabhagh. Thogadh am Modaràtor ùr anns an Oban, agus tha dlùth-cheangal aige ris na Hearadh. Nì na Gàidheil gairdeachas gu bheil ministear le Gàidhlig gu bhith anns an dreuchd.

DOMHNALL MAC GHILLE DHUIBH

Bidh ionndrain mhòr air Dòmhnall Mac Ghille Dhuibh, a chaochail aig aois cheithir fichead bliadhna agus ceithir. Bhuineadh Dòmhnall còir do Lios Mòr agus rinn e obair iongantach as leth eilein a bhreith agus 'àraich. Sgrìobh e mòran mu eachdraidh an eilein agus bhiodh e tric a' craobh-

scaoileadh ann an Gàidhlig. Bha eaglais an eilein, far an robh e bliadhnachan mòra 'na eillear, an ìre mhath làn aig an t-seirbheis a chumadh mar chuimhneachan air an t-sàr Ghàidheal seo. Tha e a-nis 'na laighe anns a' chladh ri taobh na h-eaglais dan tug e seirbheis cho dìleas.

SLUAGH TOILICHTE

Rinneadh rannsachadh bho chionn ghoirid agus tha e coltach gur e sluagh nan eilean, Innse Gall, Arcaibh agus Sealtainn, na daoine as riarachta len cor air feadh Bhreatainn. Ged a dh'fhaodadh droch shìde a bhith aig muinntir nan eilean agus ged nach eil na goireasan aca a tha anns na bailtean mòra tha iad nas sona na daoine aig a bheil iomadh socair aimsireil. Faodaidh duine a bhith riarachta ged nach eil mòran de bheairteas saoghalta aige.

ADHBHAR GAIRE

Ann an eaglais ann an Sasainn, an dèidh don chòisir a bhith a' seinn, dh'fhaighnich nighean bheag dha màthair cuin a bha a' chòisir a' dol a dhannsa. Cha robh a màthair a' tuigsinn dè a bha i a' ciallachadh. Bha a' chòisir dìreach air an treas salm thar fhichead a sheinn. Thubhairt an tè bheag ri a màthair, *Nach robh iad a' seinn: "The choir walzes by"?*

Urnaigh

A Dhè shiorraidh,
air a' mhìos seo agus sinn a' cuimhneachadh
air teachd an t-Slanaigheir
a dh'ionnsaigh an t-saoghail,
tha sinn a' toirt taing dhut
airson adhbhar a theachd:
gu bhith a' sireadh agus a' teàrnadh
an nì sinn a bha cailte.
Tha sinn a' toirt taing dhut
airson na dòigh anns an tàinig E,
mar Mhac an Duine,
a' gabhail air fhèin nàdar na daonnachd.
Tha sinn a' dèanamh gairdeachais as-ùr
gu bheil Solas an t-saoghail air tighinn.

Amen

An dealbh air an aghaidh:
Tharraing Linda Gowans an dealbh seo
air cladach an taobh an iar ann an Uibhist a Tuath
anns a' Chèitean 1981.
Air a' mhìos seo bidh stuaghan mòran nas àirde
a' bualadh air Uibhist agus air na h-eileanan eile.
Thubhairt an salmadair:
*Os cionn toirm uisgeachan lionmhor,
os cionn tonnan neartmhor na mara,
is neartmhor anns na h-àrdan an Tighearna.*